

# X229/701

---

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2008

FRIDAY, 30 MAY  
1.00 PM – 4.00 PM

## GÀIDHLIG AN ÀRD ÌRE ADHARTACH

Roinn (i): Sgrìobhadh  
Roinn (ii): Sgrùdadadh  
Roinn (iii): Litreachas  
Roinn (iv): Eadar-theangachadh

**Do not open this question paper until told to do so.**

Tha ceithir roinn anns a' Phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinn a fhreagairt. Feumaidh tu leabhran freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhran gu dè an roinn a tha thu a freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



**[DUILLEAG FHALAMH]**

*Comharraighean*

**Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.**

1. An naidheachd. (50)
2. Chan eil daoine an-diugh a' smaoineachadh ach orra fhèin. (50)
3. Saoghal ùr. (50)
4. Alba ann an 2050. (50)
5. Gliocas. (50)
6. Tha droch bhuaidh aig na meadhanan air inntinn an òigridh. (50)
7. Latha is mi leam fhèin . . . (50)
8. Tha mise a' smaoineachadh gu bheil èibhinn a' ciallachadh . . . (50)

**[Tionndaidh an duilleag**

**Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd****Earrann 1—Rosg**

**Leugh an earrann seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.**

A bheil an t-àm ann laghan atharrachadh air feadh an t-saoghal airson cothrom a thoirt dha daoine clann a thoirt a-mach à bochdainn agus uaigneas? A bheil lagh ann dhan duine ainmeil, bheairteach agus lagh eile dhan duine bheag? Seall an upraid a dh'adhbhraich an seinneadair Madonna is i ag uchd-mhacachd pàiste à Malawi. A rèir 5 laghan Mhalawi, feumaidh duine sam bith a tha ag iarraidh pàiste uchd-mhacachd a bhith a' fuireach san dùthaich airson co-dhiù bliadhna gu leth, ach siud ise Madonna, a-mach leatha ann an làn fhianais an t-saoghal leis a' bhalach air a gualainn.

Seall an-dràsta anns an dùthaich seo, thathas a' toirt geur shùil air dòigh beatha 10 dhuine sam bith a tha ag iarraidh pàiste uchd-mhacachd agus chan fhaigh iad cothrom ma tha iad seachad air aois shònraichte. Bho thàinig i fa chomhair saoghal a' chiùil, tha Madonna air a bhith ag adhbhrachadh connspaid air iomadh dòigh, na h-iomhaigh, na ceòl agus na giùlan. Dè cho freagarrach is a bhiodh i ma-tha air uchd-mhacachd san dùthaich seo? Chan eil i òg agus chan eil i stòlta a rèir coltais.

Cha robh mi idir cinnteach mu Mhadonna an toiseach is mi den bheachd gum bu chòir 15 dhuinn a bhith a' toirt barrachd seachad gu coimhearsnachdan a leasachadh agus cothrom a thoirt dha clann bhochd fuireach anns na dùthchannan aca fhèin. Ach mar is motha a chì is a chluinneas mi mu bhochdainn an t-saoghal is mi a' tuigsinn gu bheil clann a' bàsachadh fhad is a tha sinn a' feitheamh ri rudeigin a dhèanamh is ann 20 as motha a shaoileas mi gu bheil cothroman ann airson clann a thoirt a-mach à fior bhochdainn.

Canaidh feedhainn gu bheil gu leòr de chlann ann am bochdainn san dùthaich seo 25 fhèin is nach toir sinn cobhair dhaibhsan an toiseach. Chanainn riutha, ged a tha bochdainn san dùthaich seo, nach eil sinn gun bhiadh, gun uisge, gun dòchas. Tha siostam sòisealta againn a bheir taic dhaibh. Cha leig a leas pàiste sam bith san dùthaich againn a bhith le acras no pathadh no gun aodach.

**Uchd-mhacachd-a' togail pàiste nach do rugadh dhut fhèin.**

*Stèidhte air artaigil sa Ghàidheal Ùr le Cathaidh Màiri Nic a' Mhaoilein  
(Samhain 2006)*

**CEISTEAN**

- |    |   |      |
|----|---|------|
| 1. | Dè tha toirt air an sgriobhadair a bhith a' faighneachd, <b>a bheil lagh ann dhan duine ainmeil, bheairteach agus lagh eile dhan duine bheag?</b> | 3    |
| 2. | Carson a tha an sgriobhadair a' cur ceist mu choinneamh cho freagarrach is a tha Madonna airson uchd-mhacachd san dùthaich seo?                   | 5    |
| 3. | (a) Dè bheachd a bh' aig an sgriobhadair an toiseach mu dheidhinn taic a thoirt do chlann bhochd?   | 2    |
|    | (b) Dè dh'atharraich a' bheachd seo?  | 2    |
| 4. | Dè an t-eadar-dhealachadh a tha an sgriobhadair a' faicinn eadar bochdainn ann an diofar dhùthchannan?  | 3    |
|    |   | (15) |

[Tionndaidh an duilleag

## **Roinn (ii)—Sgrùdadadh**

### **Freagair DÀ Earrann—1 agus 2**

### **Earrann 2—Bàrdachd**

**Leugh an dàn seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.**

### **Cor na Tìr**

A-raoir dh'èist mi ri luchd-malairet  
'S ri luchd-pàrlamaid le briathran mìn,  
'S ged a chualas mòran fhacal  
Cha d' fhuaireas freagairt air cor na tìr.

Bhruidhinn an luchd-malairet air misneachd,  
Bha 'n Tòraidh 's an Làbarach ri chèil' a' strì,  
Iad uile sàsaichte le fion is annlan  
Ged tha bochdainn anns an tìr.

Ri taobh na sràide chunnacas truaghan  
Ann am bucas cardboard sìnt',  
Ach cha do dh'fhaighnich iad dhan truaghan  
Gu dè a bheachd air cor na tìr.

Saoil am faca mi droch aisling,  
Seann eachdraidh a' tighinn beò as ùr?  
Nuair bha mis' nam bhalachan casrùisgt'  
'S ann gann bha cosnadh anns an tìr.

Gniomhachas a' searg 's a' crìonadh,  
A' fàgail nam miltean ann an dìth  
Is gus an tàinig cogadh oillteil  
Suarach an cosnadh bh' anns an tìr.

*Le Torcuil MacRath*

**CEISTEAN**

- |   |             |
|---|-------------|
| 1. Dè an suidheachadh gu bheil am bàrd a' tarraing ar n-aire anns a' chiad rann?                      | 3           |
| 2. Beachdaich air, " <b>Iad uile sàsaichte le fion is annlan<br/>Ged tha bochdainn anns an tìr.</b> " | 5           |
| 3. Dè tha am bàrd a' feuchainn ri thoirt gu aire an leughadair anns an treas rann?                    | 3           |
| 4. Dè suidheachadh a bha anns an dùthaich nuair a bha am bard òg?                                     | 2           |
| 5. Dè an t-eagal a tha a' nochdadadh ann an inntinn a' bhàird?  | 2           |
|   | <b>(15)</b> |

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

### 1. Sgeulachd ghoirid

Tagh dà sgeulachd ghoirid a tha nad bheachdsa làidir, cumhachdach. Beachdaich orra gu mionaideach agus seall na dòighean agus na h-innleachdan a chleachd na h-ùghdaran gus an dèanamh nan sgeulachdan làidir, cumhachdach. (50)

### 2. Sgeulachd ghoirid

Gu tric tha sgeulachd ghoirid stèidhte air tachartas sònraichte ann am beatha duine/daoine/caractar. Tagh dà sgeulachd ghoirid mum bheil seo fior agus seall mar a tharraing an sgrìobhadair d'aire gu bhith beachdachadh air na suidheachaidhean anns an robh na caractaran. (50)

### 3. Bàrdachd

Ainmich dà phios bàrdachd, le bàird eadar-dhealaichte, a thug buaidh shònraichte ort fhèin. Beachdaich air a' bhuaidh a bh' aca ort agus dè na h-innleachdan a chleachd na bàird gus seo a dhèanamh. (50)

### 4. Bàrdachd

Beachdaich air cuspair a tha a' nochdadadh ann am bàrdachd Ghàidhlig, an dà chuid ann an nuadh bhàrdachd, agus ann am bàrdachd thraigheanta. Seall mar a làimhsich na bàird an cuspair is innis dè an stoidhle bha thu a' smaoineachadh a b' fheàrr a fhreagair air a' chuspair. (50)

### 5. Nobhail

Chan eil nobhail a' tighinn beò mur a bheil an leughadair a' faireachdainn gu bheil e/i a' cur eòlas air na caractaran.

Beachdaich air nobhail mum bheil seo fior agus seall ciamar a chaidh aig an sgrìobhadair air an t-eòlas seo a thoirt dhan leughadair. (50)

### 6. Dealbh-chluich

Chan eil dealbh-chluich soirbheachail ach air àrd-ùrlar no air telebhisean. Dè do bheachd fhèin? Tagh dealbh-chluich a leugh thu a tha a' toirt taic don bheachd seo **NO** a tha a' dol na h-aghaidh. Thoir cunntas mionaideach oirre agus tog eisimpleirean aiste a chuireas taic ri do bheachd. (50)

**Eadar-theangaich an earrainn a leanas.**

At a recent meeting the police were warned that they had to be on the alert for criminals who are trying to flood the north of Scotland with dangerous drugs.

“The drugs problem is growing in the north as it is nationwide, although it is still not as bad as it is down south,” said a spokesman after the meeting. “These criminals will stop at nothing to sell drugs. They treat it like any other business. They don’t care who they harm or kill. Their actions are evil”.

(20)

*Bho artaigil à WHFP 01/12/06*

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

## ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn (ii)—Poem taken from *An Tuil* by Torquil Macrae. Reproduced by permission of Birlinn Ltd.

Roinn (ii)—Text taken from *An Gaidheal Ur* by L M Macmillan. Reproduced by permission of An Gaidheal Ur.

Roinn (iv)—Passage from *The West Highland Free Press*. Reproduced by kind permission of The West Highland Free Press.

**[DUILLEAG FHALAMH]**

### **MARKER'S GRID**

Candidate Name	
Candidate Number	
Roinn (i)	Sgrìobhadh <span style="float: right;">50</span>
Roinn (ii)	Sgrùdadh <span style="float: right;">30</span>
Roinn (iii)	Litreachas <span style="float: right;">50</span>
Roinn (iv)	Eadar-theangachadh <span style="float: right;">20</span>
<b>Total</b>	<b>150</b>